



Còisir Ghàidhlig Inbhir Nis

Beagan mu ar deidhinn.

Tha na buill ann an Còisir Ghàidhlig Inbhir Nis à Inbhir Nis is à sgìrean eile den Ghàidhealtachd. Tha còrr is seachdadh bliadhna bho stèidhicheadh a' chòisir an toiseach ach anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh tha a' chòisir air crathadh beag a thoirt air saoghal nan còisirean Gàidhlig. Anns an dà bhliadhna dheug mu dheireadh, tha Còisir Ghàidhlig Inbhir Nis air prìomh dhuais nan còisirean, Sgiath MhicShimidh

is Thulaich Bhàrdain, a chosnadh còig tursan. Choisinn iad mu dheireadh e aig Mòd 2006. Bidh a' chòisir a' coinneachadh gach Diciadain aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis eadar 7.30f is 9.30f.



À buannachd thig iarrtasan is tha a' chòisir air a bhith a' faighinn barrachd is barrachd chuiridhean gus seinn aig diofar thachartasan. Nuair a tha tachartas sònraichte san amharc, 's dòcha gum bi a' chòisir a' coinneachadh nas trice na aon oidhche san t-seachdain gus deisealachadh a dhèanamh. Tha suas ri ceathrad ball sa chòisir, cuid a tha fileanta sa Ghàidhlig, cuid a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig is cuid gun Ghàidhlig idir. Tha sinn a' cur fàilte air buill ùra aig àm sam bith – ma tha sibh sùndach is easgaidh gus na h-òrain ionnsachadh, bidh sinn toilichte ur faicinn.



Inverness Gaelic Choir



Clàr

Tha na tachartasan a leanas ri thighinn –

An t-Ògmhios 2008	Mòd Ionadail Inbhir Nis.
An Lùnastal 2008	Cuirm Comann Gàidhlig Inbhir Nis, Taigh-Cluiche Eden Court, Inbhir Nis.
An Lùnastal 2008	Fèis Tartan Heart, Belladrum.
An Dàmhair 2008	Fèis Eadar-nàiseanta Celtic Colours, Alba Nuadh, Canada.





Ma tha an tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh no nam bu toil leibh iarraidh air a' chòisir tighinn a sheinn dhuibh, cuiribh fios gu:

Anisha McNicol, Rùnaire

Àireamh Fòn: 01463 718722

Post-dealain: anishamcnicol@yahoo.co.uk

Fiosrachadh do bhuill ùra

Bu choir gum biodh am fiosrachadh a leanas feumail nuair thòisicheas tu sa Chòisir. Ma dh'fhàg sinn càil às, feuch am faighnich thu mu dheidhinn.

A' coinneachadh

Cuin ? Dìciadain 7.30f – 9.30f

Càite ? Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Dè dh'fheumas tu ?

- a) peann no peansail
- b) leabhar-latha
- c) foldair a chumas na duilleagan ciùil agad
(Gheibh thu na duilleagan ciùil bhon chòisir, cha bhi agad rin ceannach).

Càit an suidh thu? Bidh thu a' suidhe ann am buidheann a rèir do ghuth seinn (soprano, alto, teanor no beus). Mar as trice, bidh na buidhnean a' seinn còmhla mar aon ach uaireannan bidh stiùiriche na còisir no oide Gàidhlig na còisir ag obair le buidheann air leth.





Èideadh na còisir

Boireannaich: blobhsa dubh, stocainnean is brògan dubha is sgiorta thartain.
(Gheibh thu an sgiorta bhon chòisir).

Fir: lèine gheal, taidh dhearg, fèile, stocainnean fèile is brògan dubha.

Àite-fuirich

Bidh a' chòisir a' cur air dòigh àitichean-fuirich do na buill aig amannan far am feum sinn a bhith air falbh on taigh. Mar as trice, bidh a' chòisir a' cuideachadh le cosgais seo.

Còmhdhail

'S e dleastanas na còisir seo a chur air dòigh cuideachd,

Ballrachd

£50 gach bliadhna

A' togail airgid

Gach bliadhna bithear a' dèanamh diofar rudan gus airgead a thogail m.e. dannsa, crannchur-gill, consairt. Tha sinn daonnan a' sireadh bheachdan air dòighean ùra, soirbheachail air airgead a thogail!

Tha 50 Club againn a tha a' dèanamh airgead dhuinn. Gheibh thu àireamh sònraichte ma phaigheas tu not gach mìos (£12 airson na bliadhna). Tha dà dhuais de £10 ri bhuannachd gach mìos.





Am Mòd Nàiseanta Rioghail

Seo prìomh fhèis Gàidhlig na h-Alba. Thathar ga chumail ann an diofar sgìrean de dh'Alba gach bliadhna, anns an Dàmhair. Mar as trice, bidh a' chòisir aig a' Mhòd bho Dhiardaoin gu Disathairne. Bidh a' chòisir a' gabhail pàirt ann am farpaisean air an Dihaoine de sheachdain a' Mhòid.

Riaghladh na còisir

Tha comataidh a' stiùireadh ghnòthaichean na còisir. Bidh buill na comataidh air an taghadh aig a' Choinneamh Bhliadhnail anns an t-Samhain. Bidh a' chomataidh a' cumail choinneamhan tron bhliadhna cho tric 's a tha sin riatanach. Tha fiosrachadh bho na coinneamhan sin air a lìbhrigeadh aig a' chòisir agus/no air post-dealain.

Seo buill na comataidh am bliadhna –

Ceann-suidhe – Ola NicRath

Iar-Cheann Suidhe – Morvern NicLeòid

Rùnaire – Anisha McNicol

Fòn: 01463 718722

Post-dealain: anishamcnicol@yahoo.co.uk

Ionmhasair – Magaidh Begg

Leabharlannaiche – Fiona Nic Coinnich

Stiùiriche na còisir – Jamie MacGriogair

Oide Gàidhlig – Seònaid NicGriogair





Riochdairean bho gach earrann sa chòisir –

Sopràno – Sìne Horne is Fiona NicDhòmhnaill

Alto – Mòr Ros

Teanor – Seumas Guinne

Beus – Eardsaidh MacIlleDhuibh

